

**Colaisde na Gàidhlig**  
1d-3amh dhen Chéitean 2009

## Cruinneachadh nan Taoitearan



Air a dheasachadh le Oifis Iomairtean na Gàidhlig

Le taic aig sgioba na coimhearsnachd:  
Eachann MacNèill  
Sé Nic a' Mhaoilein  
Bearnaidh Camshron

## Cruinneachadh nan Taoitearan 1d-3amh dhen Chéitean - Colaisde na Gàidhlig

### Di-Sathairne

#### ❖ Còmhradh aig a' bhòrd

*Ag innseadh naidheachdan: Gabhaidh naideachdan mu dhéidhinn féin-fhiosrachadh éifeachdach a bh' agaibh fhad 's a bha sibh 'nur taoitear no 'nur n-oileanach.*

*Dé na sàr-chleachdaidhean a thàinig às na naidheachdan seo?*

- Ag innse stòiridh bho dhealbhan
- Spòrs
- Sgeulachdan goirid – spòrs – fuaim
- “Theich na h-eich” – naidheachdan goirid airson fuaimneachadh gràmar agus spòrs.
- Dealbhan eibhinn
- Dealbhan
- Sgeulachdan
- Dol gu àite (m.e. bùth) agus cainnt a chur gu feum
- Diofar dhòighean airson a chanain a theasgag 1. Dealbhan 2. A' làimhseachadh 3. A' deànamh 4. A' leughadh.
- Teagasg òran le faclan/gràmar ùr
- Ag obair air tar-sgrìobhaidhean a dheadhadh
- A' cluich gheamaichean le “dinkies” agus faclan ùr ionnsachadh
- Seallaidhean agus fiosrachadh de dhiofar sheòrsaichean a chuireas taic ri chèile (còmhradh, sgrìobhadh, gràmar, leughadh.)
- Dealbhan-cluiche
- Ceòl is Seinn (use rhythm, music, or singing to help students remember more easily)
- Geamaichean
- Bingo!
- Cuspairean feumail do dh'oileanaich
- A' cleachdadh Gàidhlig ann an suidheachaidhean nàdarra.



## ❖ Taisbeanadh a h-aon

### Fear na Sìde – le Eachann MacNèill

*Thug sinn sùil air taisbeanadh air modh teagaisg a bhios `ga cleachadh aig Eachann MacNèill. Chuir e air dòigh dhuinn “Fear na Sìde.” Nuair a bha e ullamh, chleachd sinn “Fear na Sìde” aig na bùird. As deaghaidh sin, bhruidhinn sinn aig na bùird air a’ mhodh theagaisg agus aig an deireadh rinn sinn trusadh.*

*Ceistean na sùla bhig gus sùil air ais a chur air na taisbeanaidhean:*

- 1. Air dé chuir sibh luach a thaobh na dòigh-teagaisg?*
- 2. An e gnìomh a bh’ innt’ a thug air na h-oileanaich a’ chànain a bhruidhinn gu éifeachdach?*
- 3. A’ robh e comhfhurtail?*
- 4. Ciamar a ghabhadh leasachadh cur oirre/air?*
- 5. A’ bheil caochlaidhean ann a bu chòir a bhith air an cuimhneachadh?*

### Trusadh

#### ***Bòrd a h-aon***

##### Luachadh

- Cothrom na trì tràthan a chur gu feum.
- Riaghailtean fosgailte (tòrr diofar dhòighean airson a chluich.)
- Nas fhasa a bhith a’ tuigsinn leis na dealbhan
- Tha a h-uile duine an sàs ann
- Feumail airson aoisean eadar-dhealaichte

##### Éifeachd

- Tha cuideigin (an tidsear) a’ sealltainn nam faclan, a’ ghràmair, nan-abairtean
- Tha rudan corpora againn ri cleachdadh

##### Comhfhurtachd

- Chan dh’ obraicheadh e airson a h-uile clas ma tha e mar tha clas mór ann
- Cha robh sinn comhfhurtail fhathast
- Chan eil sinn cleachdte ris, ach tuigidh sinn ri ùine
- Cha d’ thàinig an geama bhuanne

##### Leasachadh

- Doirbh a ràdh ma gheibh sinn cothrom air a chleachdadh le oileanaich
- Tuilleadh chuspairean (m.e. biadh)

##### Caochlaidhean

- Dolaidhean pàipeir (aodaich)
- Cur dealbh de shìde ri chèile le dealbhan (m.e. grian, sgoth, uisge, m.s.a.a.)

## ***Bòrd a dha***

### Luachadh

- Bha e spòrsail
- Cruthachail
- Poidhle chothroman ann
- Cnap mór fhaclan ann
- Feumail anns a h-uile tràth
- Riatanach anns a h-uile suidheachadh
- Cuspair nàdarra
- Math airson misneachd a thogail

### Éifeachd

- Cuspair làitheil
- A' cleachdadh tòrr ghoireasan /stuth tarraingeach
- Cothroman gàire
- Ag obair aig gach ìre

### Comhfhurtachd

- Bha
- Cothrom cleasachd

### Leasachadh

- Cìon cainnt (-36° ?) (fo?) (teas)
- Eadar-theangachadh o phrògram naside? Atharrais.

### Caochlaidhean

- Sgrìobhadh nòtaichean
- Clàraidhean aithisgean na side - cuideigin a' bruidhinn fhad 's a tha e a' cluich gu sàmhach.
- Slat-solais/fiodh

## ***Bòrd a trì***

### Luachadh

- Spòrsail
- Simplidh
- Furasda a thionndadh
- Freagarrach aig iomadh ìre

### Éifeachd

- Bha
- Seans aig a h-uile daoine rudeigin a chuir astaigh



### Comhfhurtachd

- Bha (cuspair bitheanta)

### Leasachadh

- Ceistean no molaidhean air an taobh eile airson an tidsear.

### Caochlaidhean

- Tha. Tha e an eisimeil air àireamh nan oileanach

### ***Bòrd a ceithear***

#### Luachadh

- Brosnachadh bruidhneadh. Ceangailte ri sìde agus aodaich fhreagarrach.

#### Éifeachd

- ‘S e

#### Comhfhurtachd

- Bha

#### Leasachadh

- Abairtean is faclan feumail a thoirt dhan na h-oileanaich an tòiseach

#### Caochlaidhean

- Taghadh mu chóig rudan agus bidh daoine a’ cur cheistean ort mar gum biodh “fichead ceist” ann
- Faodaidh sinn a’ bruidhinn air an t-side a’ là an duigh.

### ***Bòrd a cóig***

#### Luachadh

- móran dhathan
- simplidh
- math

#### Éifeachd

- a’ deanamh cheanglaidhean
- coimhead is bruidhinn
- móran gheamaichean a bharrachd ann.

#### Comhfhurtachd

- glé chomhurtail

#### Leasachadh

- ceistean eile
- cuir an t-aodach ri chèile le naidheachd mu dheidhinn “duine.”

#### Caochlaidhean

- Tha “dollies” pàipeir anns an “dollar store”

- Cuir fìor “doll” gu feum
- Aodach leanaibh air an “doll”
- Cuir air/cuir dheth
- Bruidhinn air side, a’ toirt astaigh “doll” no duine.
- Biadh agus soithichean eadar-dhealaichte
- Dé seòrsa biadh a tha thu ag ithe ann an suidheachadh mar sin?

## ❖ Seisean-taisbeanadh a dhà (Fosgailte)

### Dinkies (càraichean beaga) – le Ealasaid NicNèil

*Bha pòca aice làn chàraichean beaga. Dh’ iarr i air neach aig a’ bhòrd “tog aon chàr” agus do chuideigin eile “tog dà chàr” m.s.a.a. An nuair sin dh’ fhoighneachd i dhaibh ceistean mar a tha seo, Cia mheud càr a th’ agaibh? Dé an dath a th’ air a’ chàr? m.s.a.a.*

### Cairtean – stòraidh – le Stacey Nic Ghill-Eain

*Rinn i taisbeanadh air caochladh dhòighean gus stòraidhean innse. Dh’obraich i le “storyboard” agus dealbhan a shealltain dhuinn diofar cheumanan anns a’ stòraidh agus cleachadh nan trì tràthan.*

### An cearcall – le Sé Nic a’ Mhaoilein

*Bha daoine `nan suidhe cruinn ann an cearcall agus a’ cur ri gnìomhachas.*

### Suidheachan na ceiste – le Sé Nic a’ Mhaoilein

*Bidh neach a’ suidhe ‘san t-suidheachan a’ freagairt cheistean ‘gan cur aig na sgoilearan eile mu chuspair ‘ga shònrachadh. Gheobh a h-uile duine a chothrom fhéin ann an suidheachan a’ cheasnachaidh.*

### Am Bòrd - clòtha – le Eachann MacNèill

*Chuir e bòrd-clòtha air beulaibh dhaoine agus chur e pìosan taighe air mar a tha mullach, dorus, uinneag, m.s.a.a.*



## Trusadh

- Abairtean matha luchd-tòiseachaidh “Dùin do shùilean, m.s.a.a.
- Rudan sam bith anns a’ phòca (faclan, m.s.a.a.)
- Cruinneachadh de dh’ abairtean a bhiodh freagarrach de na geamaichean ro-làimh agus a bhith againn mar luchd-teagaisg
- Luchd-ionnsachaidh a bhith cur dhealbhan air a’ bhòrd-chlòtha aréir stiùiridh
- Dealbh tìre air brat-càraichean a’ gabhail stiùiridh.
- Abairtean ceanglachaidh (mar sin, co dhiù, . . . )
- Biadh ann an dà-rìreadh

## ❖ Seisean-taisbeanadh a trì

### Dòmhnall agus na sìthichean – Le Lodaidh MacFhionghain

*Rinn e taisbeanadh air ciamar a chleachadh tu stòraidh Ghàidhlig anns a’ chlas. Leugh e stòraidh agus rinn ceathrar dhaoine dealbh- chluich dhi aréir na leugh e. As deaghaidh an deilbh-chluich bha cothrom aig càch a bhi ‘ga h-aithris aig na bùird.*

## Trusadh

- Bha an treas latha freagarrach, cha robh an ceathramh latha
- Rud nach buin dhut, na bean dha.
- “(Dé dh’)Éirich dha?”
- Gnìomhairean neo-riaghlailteach
- Dol mun cuairt neach mu seach
- Cothrom aig na h-uile a bhith an sàs
- Deagh leasan air do theanga a chumail

### Mo theaghlach -- le Catrìona Parsons

*Bhruidhinn i air dealbh dhen teaghlach aice agus bha i ag obair air faclan iomchaidh do theaghlach a dhealbhadh.*

Cailean . . . ri taobh Chailein

Coinneach . . . ri taobh Choinnich

Seumas . . . ri taobh Sheumais

Aonghas . . . ri taobh Aonghais

Murchadh . . . ri taobh Mhurchaidh.

Ailean . . . ri taobh Ailein

Niall . . . ri taobh Nèill

Fionnlagh . . . ri taobh Fhionnlaigh

Domhnall . . . ri taobh Dhomhnaill

## ❖ Cearcall

*Air dé chuir sibh luach 's a là?*

*Dé a' fìor-amas a bhios agaibh am amàireach?*

- Tuiseal- ghinideach (nominative case) – furasda fhads a bhios tu 'gan leughadh
- Math a bhith 'faicinn rudan ann an gnìomh
- Geamaichean ùra nach fhaca mi riamh– leis seithrichean a' stòraidh
- Toilichte gu bheil a h-uile duine bruidhinn na Gàidhlig.
- 'S toil leam an stòraidh aig Lodaich
- Ma chì thu rudan a' tachairt, fhad 's a bhios e éibhinn . . . Chuimhnicheadh tu air ma bhios tu 'ga fhaicinn (If you see something, if it is funny, you will remember it.)
- Faclan beaga doirbh a dh' ionnsachadh, chan eil na faclan móra. Ciamar a bhios sinn 'gan teagasg?
- Là eireachdail air fad. Bruidhinn na Gàidhlig fad an t-siubhail. Trì rudan: Tasglann anns am biodh abairtean is faclan. Bidh a h-uile duine tarraing as an aon tobar anns a bheil dualchas; 2. Mar a thuirt A.J. thaobh (prepositions) Faclan àraid . . . Liosta dhe na faclan a bhios cumanta. 3. Tha an gràmar anns an t-seanachas. Thig nòs as an t-seanachas, beul aithris. Tha thu ag ionnsachadh seanchais 's cànan aig an aon àm.
- Chòrd a là rium gu mór. Tha mi ag ionnsachadh cànan is modh-teagaisg aig an aon àm. Ciamar a nì mi tòiseachadh air Gàidhlig aig Baile?
- Elision – cho chudromach gus do cainnt a bhì nàdarra. Ag aithris mar a chuala tu a' chànain.
- Poidhle de cheistean – beag air bheag thig na freagairtean.
- Geamaichean – chòrd a' là rium.





- Na h-aon smuaintean a' nochadh 's na postairean
- Cho math 's a tha e gu bhi air Gàidhlig a chluinntinn.
- Na faclan beaga – bruidhinn is éisdeachd ris na tha air innseadh
- Toilichte a bhith ag éisdeachd ri agus a' bhruidhinn Gàidhlig fad a' là
- Geamaichean tha math – airson diofar adhbhar
- Mara nì sinn rangachadh, ciamar a shònricheas sinn ceumannan teagaisg, is mar sin dheth, dé na beàrnan a tha air fhàgail?



## Di-Dòmhaich, Là na Sàbaid

### ❖ Seisean –Taisbeanadh a Ceithir (fosgailte)

Cainnt chreutairean na coilleadh– Le Seumas Watson

*Bruidhinn air cainnt a bhios ‘ga cluinnteil aig ainmhidhean na coilleadh.*

Ag obair le “conditional” – le Aonghas MacLeòid

Cluich chairtean – le Ragnall MacCoinnich is Bearnaidh Camshron

Chan eil duine a’ suidhe a’ seo – le Sé Nic a’ Mhaoilein

#### Trusadh

Cainnt nan creutairean

- Spòrsail
- Freagarrach airson aois sam bith
- Cainnt na dùthcha (coilleadh)
- Cainnt a bhuineas dhan àrainneachd

Teagasg “conditional”

- Cudthrom air an tuiséal
- Cànan làitheal
- Spòrs
- Aoidheachd

Cairtean

- Na h-ainmean
- Cainnt ceangailte ris na geamaichean
- Math airson còmhraidh a bhrosnachadh.
- Leabhar/cruinneachadh de gheamaichean, riaghailtean

Chan eil duine a’ suidhe seo

- Cothrom airson iomadh abairt a chleachdadh
- A’ gluasad
- Faodaidh tu sin a chluich ann an diofar dhòighean.
- Dòigh eile – có chuireas sinn a’ s a’ Luing Eireannaich?

Gur e \_\_\_\_\_ a chuireas sinn annsa’ . . .

Có thig ri taobh/thaobh?

Dannsaidh sinn an “top” a’ chruinn.

## **Còmhradh aig a' bhòrd: an aisling**

### ***Dé dhèanadh an obair agaibh mar thaoitear na b'fhasa?***

- Tréineadh, cothroman ionnsachaidh
- Stòras de rudan a théid a chleachdadh
- Sgiotaichean (skits) air bhideo
- Nam biodh cruinneachadh nan geamaichean ann
- Tasglann do dh'abairtean feumail
- Ma bhios ceangailichean ann air sgàth nan "outcomes" `gan cur ris na eagarsaidean
- Làrach-lìn far am faigheadh tu stùth-taiceil
- Cothroman-tré inidh mar thidsearan
- Seòrsa do churraicealam air a mholadh (tenses, possession, an t-side, an teaghlach)
- Liostaichean faclan cumanta a bhi agad
- Faclan a bhitheas tu cleachadh 's a' chidsin
- Geamaichean cairtean clàr/dvd
- Fiolmaichean `gan deanadh a chuireas air chuimhe na rinneadh ann an clasaichean
- Beachdachadh air dé seòrsaichean Gàidhlig a tha sinn a' teagasg.
- Blog an taoitear agus stuth teagaisg nan geamaichean

### ***Dé na goireasan a dhìth oirbh?***

- Abairtean dùthchasach ann an iomadh suidheachadh nàdurra làitheil
- Dealbh tìr a' sònrachadh nan dual-chainntean Duilleag air an làraich-lìn far an cuir sinn ceanglaichean ri goireasan a bhios feumail
- Leabhar gheamaichean air iomadach cuspair, agus abairtean cumanta fuaighte riutha
- CD/DVDS . . . tasglann de dh' abairtean geamaichean
- Abairtean a tha dùthchail
- Tobair de rudan a thaobh chuspairean
- Fiolmaichean a bhios a' sealltainn sgiotaichean le suidheachannan nàdarra
- Innealan airson leth-bhric a dheanamh no a leithid sin, computairen le proiseigtearan
- DVDs, clàraichean
- Bhitheadh e na b' fheàrr na clasaichean a bhi ann an taigh an àite bhi ann an talla

### ***Is sinn 'nar buidheann, dé an ath-cheum dhuinn?***

- Comataidh no duine/té a bhios a' cumail suil air dé às ùir' a tha tighinn amach mar stuth foghlaim
- Cothrom aig taoitearan gu faigh iad còmhla gus taic a thoirt do chéile
- Seòrsa de choimhearsnachd a chruthachadh le teicneòlas
- Cothrom tighinn còmhla trì tursan 's a' bhliadhna

- “Expert visitors” fhaighinn
- Taoitearan a’ dol gu “seminars” airson deagh chleachdaidhean a dh’ ionnsachadh
- Cothroman taobh amuigh air a’ chlas gus Gàidhlig a bhrudhinn mar a tha dawns, coiseachd nam monaidhean, céilidhean, fighe, còcaireachd . . .
- Cruinneachadh Skype – gach seachdain (gu h-àraid ‘s a’ gheamradh)
- Social networking – càit bheil luchd na Gàidhlig?
- Céilidh air coimhearsnachdan nam mion-chanain eile ‘s a’ sgìre (neo taisbeanadh a bhith aca dhuinn)
- Dealbhan-beò a dheanadh (againn) air suidheachaidhean nàdurra ‘s an cuir air “You Tube”
- Cumail a’ dol

***Dé cho tric is am bu chòir dhuinn cruinneachadh ri chèile***

- Gach ràithe (4 tursan)
- 2/3 ‘s a’ bhliadhna
- Buidheannan ionadail a’ tighinn còmhla nas trice.
- Trup no dhà sa bhliadhna’ (an Lùnasdal, as dèidh Là na Bliadhna’ Uire, an t-earrach)
- Ceithir tursan ‘sa bhliadhna.



***Dé a' rathad as fheàrr a dh'innseadh gu dé tha sinn a' dèanadh agus gu dé rathad air a bheil sinn a' siubhal? Ciamar a chumas sinn an oidhirp seo air chois?***

- Eadar-Lìon
- Inns' dha na h-uile duine
- Feumar "image" na Gàidhlig aig OGA a bhi 'ga sgaoileadh thro Alba Nuadh air fad, o cheann gu ceann.
- Làithean Gàidhlig airson cothrom a shealltainn dhan choimhearsnachd "Dè th' anns a' Ghàidhlig"
- Cruth a chur air na rudan a tha sinn ag iarraidh a dheanamh. Sreath de leasan air bhideo airson taoitearan
- Ceann-là airson amasan nan tìdsearan a chur an òrdagh uile gu lèir.
- Làrach-lìn
- Liasing with OGA – a' bheil strategy aca?
- *Eastlink* – tele na coimhearsnachd – Dealbhan-beò dha 'n choimhearsnachd
- Paipearan-naidheachd
- CBC – tachartasan ionadail
- Goireasan do luchd-teasaisg nan sgoiltean air fad a tha mìneachadh eachdraidh nan Gaidheal a tha freagarrach do 'n churraicealam 's an fharsaingeachd.

***Ciamar a ghléidheas sinn an iomairt seo?***

- Daoine na coimhearsnachd a' cumail taic ri cheile, a' cruinneachadh còmhla gu tric gus misneach a chumail suas
- *Role models* – rionnagan dha 'n fheadhainn òig
- Dreuchdan faicsinneach
- Dé as urrainn dhuinne airson OGA a chuideachadh?
- Rudan sòisealta
- Cuairt-litir gu taoirtearan le ceangailichean ri dòighean ùra no dé tha 'dol aig taoitearan eile na mór-roinn.
- Cumail nan coinneamhan seo a' dol.

***Dé na ceistean eile a bu choir dhuinn a chuir gu faic sinn an ùine ri teachd.***

- Càit' am bidh sinn an ceann cóig bhliadhnaichean?
- Dé tha a' chlann ag iarraidh?
- Gu dé a chosgas rudan?
- Càit' am faigh sinn an airgead?
- Cothrom Gàidhlig a chleachadh mach as a' clas?

- Coimhearsnachd shòisealta?
- Dé an aois a bhios luchd -labhairt?
- Dé bhios ann dha 'n chloinn?
- Dualchas?

***A' bheil beachdan agad a ni fuasgladh dhan na ceistean seo?***

- Tha feum againn a bhith a' bruidhinn anns a' Ghàidhlig air feadh a' bhaile.
- Bruidhinn anns a' Ghàidhlig ris a h-uile duine a chì thu anns an stòr, anns an eaglais etc.
- Àrainneachd airson luchd bruidhinn na Gàidhlig



## ❖ Sùil air na sàr-chleachdaidhean agus còmhradh mun deidhinn

Rinn luchd-na còmhdhail léirsinn air liosta shàr-chleachdaidhean a chaidh a stéidheachadh mar an toradh aig Còmhradh aig a' Bhòrd a chumadh air Di sathuirne (faicibh taobh duilleig a h-aon) agus na tobraichean eile seo a leanas: moladhaidhean an sgioba planagaidh (`gan trusadh ro-làimh); luchd-oideachaidh a chaidh a cheasnachadh gus am beachdan a chur ris an aithisg Am Blàs Againn Fhìn agus Gàidhlig aig Baile, aithisg air toradh coinneimh a chumadh aig toiseach an earraich, 2009.

Dheasaich luchd na còmhdhail liosta nan sàr-chleachdaidhean mar a chìthear gu h-ìosal. Chaidh na sàr-chleachdaidhean a luachadh aca air thomhais 1 - 10. B'è 1 a bu chudromaiche agus m.s.a.a. Gus measadh an luach gu léir aig gach sàr-chleachdadh, b'ann a chleachd sinn an riaghailt-seòlaidh a leanas:

**1=10, 2=9, 3=8, 4=7, 5=6, 6=5, 7=4, 8=3, 9=2, 10=1**

Sar-chleacdaidhean													Total	Rank
Tha an teagasg `ga chuideachadh le gluasad na colainn, ciall `ga cur am meud seach air an àbhaist, abair a rithist e, agus stuthan ionnsachaidh a nì cùl-taice.	4	2	7	4	3	3	5	9					51	4
Cleachd ceistean a bheir an aithne do dh'oileanaich gnìomhairean ùra.	8												3	
Cleachd "Dé tha thu `deanamh? Dé rinn thu agus Dé nì thu?" los cànan a thoirt air aire dha na h-oileanaich.	9												2	
Leig fios bho toiseach air abairtean a bhios feumail dha na h-oileanaich gun fhiosda nach deach iad an sàs. Gur iad sin mar a tha, "Chan eil mi `ga thuigsinn."	1	7	3	6	7	3							39	7
Ath-ghairm, ath-ghairm, ath-ghairm	5	2	2	8	5	7	9	6	4	4			59	3
Tog sùil air ais air na chaidh deanamh anns an leasan roimhe.	9	10	6										8	
Gabhaibh fois gun a bhì a' cur ris na `s fhaide na uair `s cairteal na h-uaireach.	4												7	
Tréineadh `s leasachadh proifeiseanta gu bhì ann do luchd-oideachaidh	7												4	
Feumar leasan stéidhichte bhì ann deiseal ro-làimh, ach leig do chòmhradh deònach a thighinn an uachdar mar a dh'fhaodas e.	8												3	
Mìnich dha na sgoilearan dè dh'ionnsaich cheanna iad agus dè tha iad a' dol a dh'ionnsachadh.	5	3											14	15b
Bu chòir dha bhith riatanach gun clàraich sgoilearan na seiseanan le inneal-clàraidh.	6	8											8	
Tòrr misneachadh	9	4	8										12	17
Stuth Dùthchasach (às Albainn Nuaidh)	10	8	6	7	2	2	10						32	9
Seasamhachd	6												5	
Bòrd Geal	6	6											10	18b
Cuir air dòigh agus cleachd còmharrachan	2	7											13	16
Bruidhinn gu nàdarra	2	3	2	9	1	3	3	5					60	2





9. Stuth Dùthchasach (às Albainn Nuaidh)
10. Còimhearsnachd-ionnsachaidh gun iomagain. Feumar fuasgladh na ceisteadh a bhi ann aig nah-oileanaich ro-làimh.
11. Caidreabh – tì agus bonnach
12. Bu chòir do dh'oileanaich a bhi air am fiosrachadh mu `n chùrsa ro-làimh.
13. Cur fileantaich gu feum anns na clasaichean aig a h-uile cothrom.
14. Cuideam a bhios 'ga chur gu mór air a' bhuntainneas eadar cànan agus gnìomhachas. Sin mar a tha an cùpa a bhios 'nad dhorn agus am facal air a shon.
15. Foighidinn

## ❖ An Cearcall

- Tha dòighean inntineach ann airson rudan a theagasg.
- Tòrr de mhisneachd
- Cothrom ann gus conaltradh a dheanamh le chéile.
- Bidh seachas a' tighinn a mach – cothrom tòrr a bharrachd air modhan teagaisg ionnsachadh. Abairtean, beul-aithris.
- Tha Gàidhlig fhathast feumail dhuinn. 'S urrainn dhuinn Gàidhlig a bhruidhinn ann an dòigh ùr nòsach cuideachd.
- An dòchas gu faigh sinn an cothrom seo a rithist.
- Feumaidh sinn a bhruidhinn mu na dh' fheumas sinn a dheanamh gus ar slighe a dheanamh air adhart.
- 'S ann as a Ghàidhlig a tha sinn a' togail cuspair air feumalachdan.
- Taisbeanaidhean feumail
- Cothrom do' n luchd-teasgaisg cànan ùr thogail
- A' cleachadh stuth anns an dualchas mar a tha e.
- Feumail airson teasgaisg 's a' bhun- sgoil.
- Doirbh a dheanadh rud mar sin arithist tro mheadhan na Beurla
- Feumaidh sinn smaoineachadh mu dheidhinn deanamh rudan làitheil tro mheadhon na Gàidhlig.
- Smaoinich sinn mu dheidhinn ciamar a gheobh cuideigin a staigh dhan t-*“system”* ach ciamar a bu chòir dha na dòighean teagaisg a bhith air an cleachadh gus an cuid Gàidhlig leasachadh (progression of teaching activities, methods appropriate for students' needs.)

## ❖ Luachadh na Bùth-obrach

### *Air dé chuir sibh luach 's a' bhùth-obrach seo?*

- Gu robh a h-uile sian 'sa Ghàidhlig
- Tòrr bheachdan aig daoine. Geamaichean. Cainnt a cleachdas tu anns na geamaichean, bùthan obrach. Cothrom bruidhinn 'sa Ghàidhlig mu chùisean 's àmannan
- A bhith a' compàirteachadh le chéile. Dòighean teagaisg. Gnàthasan cainnt. Geamaichean uile troimh mheadhan na Gàidhlig. Seachas, òrain, faclan ùra.
- Chuir mi luach air na taisbeanaidhean gu mór. Fhuair mi deagh bheachdan as a sin a chuirinn-sa air dòigh 's a clas agam fhìn.
- A bhith a' coinneachadh ris a h-uile duine a bha cruinn còmhla. Bha am biadh mìorbhallach cuideachd.
- Chòrd e rium gu mór gu robh sinn a' bruidhinn Gàidhlig fad na h-ùine 's bha bharrachd de dheagh bheachdan ann.
- Gàidhlig 'ga brosnachadh. Cothrom a' bhith 'g ionnsachadh dhòighean ùra
- Cothroman bruidhinn, dòighean teagaisg, coinneachadh ri daoine nach b' aithne dhomh
- Na seiseanan-taisbeanaidh. Tha mi cinnteach gum bidh iad feumail dhomh 's mise air ais leasan ag ullachadh.
- Sharing ideas and techniques. Listening to and speaking Gaelic
- Bha e spòrsail agus fiosrachail
- Fìor mhath
- Gu robh sinn cruinneachadh airson an aon rud . . . a' Ghàidhlig a chuir ann an suidheachadh nas fheàrr. Tha sinn uile 'nar taoitearan agus 'nar luchd-ionnsachaidh.
- Faicinn an uiread do dhaoine aig a bheil Gàidhlig còmhla cruinn. Faicinn na bheil tisearan eile a' deanamh a thaobh gheamaichean.

### *Dé ur barail air a' chruth a' toirt a-staigh "Còmhradh aig a' Bhòrd," taisbeanaidhean, cleachdaidhean agus an t-sùil a chaidh a cur air ais.*

- Cha robh àm gu leòr idir, idir, idir, nuair a bha sinn a' deanamh "Café conversations."
- Glé mhath. Dh' fhaoidte gun rachadh seo a dhèanamh ann an aon latha.
- Math: Bhiodh e cuideachdail nam biodh dòigh ann beachdan na feadhainn eile a chluinntinn. Feumaidh sinn a tharruing amach bheachdan aig feadhainn a tha caran diùid a thaobh bruidhinn.
- Tha mi a' smaoinichadh gu bheil an cruth seo freagarrach.
- Bha e cho snog a bhith a' faicinn chleachdaichean dìofar dhaoine. Fhuair mi deagh bheachd air rudan a tha ag obrachadh gu math
- Bha e dìreach math 's feumail

- Dh' obraich a h-uile sian glé mhath, ach air an ath-thuras, feumaidh tuilleadh thaisbeanaidhean a bhith ann aig a h-uile duine.
- Bha e na b' fheàrr na cearcall anns a robh na daoine uile aig an aon àm. Bha e math na taisbeanaidhean fhaicinn 's gan cur gu feum gu h-àbhaisteach. Bha e math co-dhùnaidhean nan taisbeanaidhean a thrusadh còmhla.
- Mar 's trice, bha dragh orm sin a dheanamh, ach bha fhiosam cho feumail sa bhiodh e as déidh làimh airson geàrr-chunntais a' dhèamadh air a h-uile sian.
- I enjoyed every session
- Cha robh mise seo ach aon latha. Chòrd e rium uabhasach math.
- Math fhéin!
- Tha i math. Chan obraich i airson a h-uile coinneamh neo cruinneachadh ach dh' obraich i an turas seo.
- Bha i math ach bhiodh i na b' fheàrr nan robh barrachd deasachaidh dèanta ro-làimh a thaobh clàr nam bùthan-obrach.



### ***Dé na molaidhean a th' agaibh airson leasachadh dhan bhùth-obrach seo?***

- Trì laithean an àite dà latha. Srùbagan nas fhaide gus am bidh cothrom còmhraidh nas motha/nas trice. An àite a bhi bruidhinn/mìneachadh nan dòighean teagaisg, seall dhuinn dìreach ciamar a chluicheas iad. More demos! Suid uabhasach fhéin math a dh' fhaicinn.
- Bùthan obrach a dheanamh air dòighean teagaisg sònraichte
- Cuideigin a bheireadh iomradh air dòighean teagaisg (methodologies) ùra.
- Tuilleadh cleachdaidh air na dòighean-teagaisg nam biodh stuth ann aig gach bòrd far a 's urrainn do thaoitearan leasan beag a dheanadh.
- Dh' fhaoidte gum biodh e iomchaidh taisbeanaidhean a dheanamh ann am buidheannan na 's lugha gum am bi cothrom aig duine nach eil cho comharstail s' a' bhuidhinn mhóir.
- Dh' obraich a h-uile sion gu dòigheal. Taing mhór dhuibh uile airson na rinn sibh, chòrd e glànrìum.
- Dh' fhaoidte rudan a chleachdadh mar "powerpoint" is stuth mar sin.
- Am faigh sinn molaidhean no oideas no comhairle aig eòlaichean a tha sgrùdadh modhan teagaisg?
- Ma chuireas luchd-stiùiridh aithris air làrach lìn OGA air na rinn sinn agus air na dòighean theagaisg a chunnaic sinn, bi cothrom againn a h-uile dad a chuimhneachadh agus bi seans aig daoine nach robh ann rudan a h-ionnsachadh.
- None
- Dh' fhaodadh iad a bhi ann nas trice.
- Gu bhi 'g obair air trusadh fhaclan a chluinnear gu nòsach
- Chan eil sian. "If it ain't broke, don't fix it."

### ***Dé dh' ionnsaich sibh às?***

- Gum b' urrainn dhomh bruidhinn mu na dòighean teagasg 'sa Ghàidhlig fad dà latha. Caint nan eun gorma.
- Geamaichean ùra. Beachdan airson cruth a thoirt dhan na h-amasan a th' againn. Diofar dhòighean rudan a theagasg.
- Faclan ùra, cleasan, geamaichean, beul-aithris.
- Dh' ionnsaich mi poidhle de chainnt às a' seo, gu h-àraid abairtean a tha feumail ann an coinneimh agus cuideachd ann an clas. Cuideachd, dh' ionnsaich mi deagh chleachdaidhean thaobh Gàidhlig aig Baile.
- Tòrr diofar rudan. Modhan teagaisg, dòighean ionnsachaidh. An tuiséal gionaideach." 'S gu bheil sinn uile air an aon ramh.
- Geamaichean 's dòighean ùr' a theagasg a bith feumail 's na sgoiltean.
- Gu bheil sinn air a' rathad cheart. Dòighean teagaisg ùra.
- Cleasan 's geamaichean ùra. Tuilleadh cuideim a chur air còmhraidh. Dòighean àraid leis an dean mi sinn. Gluasadean bodhaige a chuirinn gu feum (gun fhacal Beurla ràdh).

- Mórán. Bha ruideigin ùr anns gach seisean
- What others are doing. Some games and ideas for new themes.
- Na dòighean a bhithas feadhainn eile a' teagasg.
- Tha a' Ghàidhlig beò fhathast mar mheadhan shòisealta an Albainn Nuaidh.
- Dh' ionnsaich mi mórán, fiu 's bhon na taoitearan eile. Modhanan 's a leithid.
- Dòighean teagasg. Tha barrachd Gàidhlig aig luchd-ionnsachaidh na tha iad an dùil.

***Dé na gnìomhan as cudthromaiche a dh'fheumar a thighinn às an deireadh-seachdain seo***

- Deireadh-seachdaine eile.
- Liosta dhe na feumalachdan a th' againn. Slighe air adhart?
- Dòighean-teagasg a chur ann a' leabhar mar ghoireas.
- 'S e a rud as cudromaiche gun cum sinn oirnn a' conaltradh. Cruinneachadh eile. Tréineadh airson luchd teagasg a tha sàs ann an Gàidhlig aig Baile. Tasg-lann de dh' abairtean is faclan.
- Gum bidh liosta aig a h-uile duine air iomairtean (clasaichean) seòlaidhean puist-d air a' cruthachadh. Gum faigh sinn cothrom tighinn cruinn còmhla arithist.
- Feumaidh sinn a' cumail mar seo is a' cuir ar beachdan is dòighean teagasg ri chéile.
- Partnerships/leabhar/liosta/resources. Cainnt nàdurra. Ciall air GAB.
- Nòtaichean fhaighinn air na taisbeanaidhean agus na nòtaichean a'riarachadh
- Stòr-data chuspairean, leasan, gheamaichean, 's dhòighean theagasg air làrach-lìn OGA a chur air doigh.
- A way to continue to share and to learn from each other the techniques that work.
- Brosnachadh dha na taoitearan.
- Leasachadh stuth 's barrachd stuctaran a chur ris a' mhodh 's an dol air n-adhart.
- Dé an ath-cheum a nì a' bhuidheann seo?
- Cruth a chur air GAB. Gum biodh daoine a' bruidhinn ri chéile. Gum bidh sinn a' cruinneachadh a rithist.

***Dé na ceistean eile a bu chòir dhuinn a bhith a' foighneachd 's a' sgrùdadh seo?***

- Ciamar a bheir sinn a' Ghàidhlig air ais dha' n choimhearsnachd againne?
- Ciamar a bhios cothroman ùra air an deanamh far am bidh a' Ghàidhlig 'ga bruidhinn amach as a' chlas?
- Dé tha thu 'g iarraidh a bhith ag ionnsachadh. Ciamar?
- Dé na puingeann gràmair nach do nochd anns na geamaichean (mar eiseimplear, inverted nominal etc.)?
- A' robh rudeigin ann nach robh feumail dhuibh?
- None that I can think of.
- Gu dé na proiseactan a 's feumaile a dh' fheumas a bhi ann 's an ùine a 's giorra ri teachd?
- Dé an ath-cheum aig a'bhuidhinn seo?

***Iomraidhean sam bith eile***

- Nach gabh sibh mo leth-sgeul nach do rinn mi taisbeanadh? Thug mi ceàrr sibh 's tha mi duilich nach tug mi leam ach pìosan do phaipear!
- Chòrd e ruim gu mòr is tapadh leibh. 'S e obair mhór a th' ann a sin 's tha seo 'na dheagh toiseach-tòiseachaidh!
- 'S math rinn a h-uile duine!
- 'S e àite snog a th' anns a' cholaisde – bha an t-seòmar seasgair agus bha am biadh anabarrach math blasda!
- Tha mise cho taingeil gun d' thàinig mi. B' fhiach e ceann na seachdain a chuir seachad mar siud.
- 'S e adhartas a tha seo!

### **Compàirtichean**

Alasdair MacDhùghail

Carman NicArtair

Catrìona Parsons

Amber Bhochanan

Eòs Peadar MacGill-Eain

Eòs Ó Murchú

Laura Stirling

Micheal Newton

Màiri Sine Parr

Emily NicFhionghain

Jessica Nic Ghill 'einein

Bearnaidh Camshron

Ealasaid NicNèill

Debi NicDhòmhnaill- Sobey

Eachann MacNèill

Sé Nic a' Mhaoilein

Seumas Watson

Coinneach Nilsen

Lodaidh MacFhionghain

Ragnall MacCoinnich

Stacey Nic Ghill-Eain

Aonghais MacLeòid

Heather Sparling

